



Social Security
Scotland
Tèarainteachd Shòisealta Alba



Faigh taic ionmhasail a bharrachd

Ma gheibh thu Creideas Coitcheann, creideasan cìse no sochairean ion-roghnach eile, dh'fhaodadh tu a bhith airidh air còig pàighidhean teaghlach:

- **Pàigheadh Chloinne na h-Alba** – Pàigheadh gach 4 seachdainean airson clann ion-roghnach fo aois 16.
- **Pàigheadh Toiseach Tòiseachaidh as Fheàrr: Leatromachd agus Leanabh** – is urrainn dhut iarrtas a dhèanamh bho dheireadh an 24mh seachdain de leatromachd gus am bi do phàiste 6 mìosan a dh'aois.
- **Pàigheadh Toiseach Tòiseachaidh as Fheàrr: Airgead an Ionnsachaidh Òig** – airson do phàiste eadar aois 2 agus 3.5 bliadhna a dh'aois.
- **Biadh Toiseach Tòiseachaidh as Fheàrr** – airgead gach seachdain air cairt ro-phàighte bho leatromachd gus am bi do phàiste 3 bliadhna a dh'aois.
- **Pàigheadh Tabhartas Toiseach Tòiseachaidh as Fheàrr** – gheibh thu seo nuair a bhios do phàiste aig an aois cheart airson a dhol dhan sgoil.

Bidh cuid de chloinn cuideachd ion-roghnach air Pàigheadh Ciorram Chloinne – airgead gus cuideachadh le cosgaisean cùraim do leanabh ciorrmaich, no leanabh air a bheil tinneas.

Dh'fhaodte gum bi thu ion-roghnach air sochairean eile nach eil air an toirt seachad le Tèarainteachd Shòisealta na h-Alba, leithid Sochair Chloinne na RA. Rach gu **gov.uk/child-benefit** airson barrachd fiosrachaidh.

Faic a bheil thu ion-roghnach air còig pàighidhean teaghlach.

Cuir a-steach iarrtas air-loidhne, air a' fòn no gu pearsanta
mygov.scot/familybenefits no cuiribh fòn thugainn **0800 182 2222**



Sganaich airson
cànanan a bharrachd
agus airson cruthan
ruigsinneach

Lean Tèarainteachd
Shòisealta Alba



Taic le airgead agus obair

Ma tha cùisean airgid a' cur dragh ort, chan eil thu nad aonar. Cuidichidh Club nam Pàrant thu gus comhairle fhaighinn a tha freagarrach do dh'fheumalachdan do theaghlach. Faic parentclub.scot/money-work



Ma dh'fheumas tu bruidhinn ri cuideigin, gheibh thu comhairle earbsach an-asgaidh bhon **Money Talk Team**. Faic moneytalkteam.org.uk

Bathar fala-mìos an-asgaidh

'S e Alba a' chiad dùthaich san t-saoghal a tha a' tabhann stuthan fala-mìos an-asgaidh do dhuine sam bith a dh'fheumas iad.

Innsidh comhairlean ionadail dhut far am faighear bathar fala-mìos an-asgaidh san sgìre aca.

Dh'fhaodte gum bi diofar dhòighean ann gus bathar fhaighinn ann an diofar sgìrean comhairle.

Faic làrach-lìn na comhairle agad gus barrachd fiosrachaidh fhaighinn. Tha an app **PickupMyPeriod** a' sealltainn dhut far am faigh thu bathar fala-mìos an-asgaidh air feadh na h-Alba.

